

Nàiseanta 4 Gàidhlig Èisteachd Spòrs an Latha

Earrann èisteachd mu naidheachdan spòrs.

Seo Pàdraig Mac a' Ghobhainn le Spòrs an Latha.

Disathairne a chaidh bha Sgioba Iomain A' Ghearastain a' cluich an aghaidh Oilthigh Ghlaschu anns A' Phrìomh Lìog. Bhuannaich An Gearastan còig tadhail gu ceithir ann an gèam teann. Chaidh Gòrdan MacAonghais ainmeachadh mar shàr-chluicheadair a' gheama.

A-nis gu goilf. A-màireach bidh an t-Albannach Cailean Gunna a' tilleadh gu farpais Na Masters ann an Astràilia. Tha trioblaid air a bhith aig Cailean le druim goirt anns na mìosan mu dheireadh. Thuit e gun robh e a' coimhead air adhart ris na ceithir làithean seo agus gun robh e an dòchas gum faigheadh e àite anns a' chiad trì. Bhuannaich Cailean Na Masters trì bliadhna air ais.

Ball-coise eadar-nàiseanta a-nis. Bidh sgioba ban na h-Alba a' cluiche oidhche Haoine aig Pàirce Hampden an aghaidh na h-Òlaind. 'S e gèam càirdeil a tha seo. An turas mu dheireadh a choinnich na sgiobaidhean, bhuannaich an Òlaind 3-2.

Disathairne, bidh sgioba rugbaidh na h-Alba a' cluich an aghaidh na h-Eadailt anns An Ròimh. Tha na h-Eadailtich a' coimhead air adhart ri sluagh mòr de dh'Albannaich ann am fèilidhean agus lèintean rugbaidh. Thuit manaidsear sgioba na h-Alba, Uilleam Scott, gun robh e den bheachd gum biodh deagh chothrom aig na h-Albannaich buannachadh.

Agus sin Spòrs an Latha, bhuamsa Pàdraig Mac a' Ghobhainn.